

An ceann-naidheachd na shanas math gur e seo aithisg naidheachd. A' cleachdadh geàrr-sgrìobhadh cumanta; chan e seantas cheart a th' ann, ach faclan riatanach a-mhàin.

Deit a' comharrachadh gun deach an t-artaigil a sgrìobhadh aig an àm (ged is ann mas-fhior a tha e), inbhe a' phrìomh sgrìobhadair a' comharrachadh gu bheil e cudromach. Gu tric tha iomadh ùghdar air artaigilean naidheachd.



Ar t-Albann

3d

Dihaoine 14 Màrt 1941

Ciad paragraf a' toirt geàrr-chunntas air an aithisg shlàn; thèid leudachadh air prìomh phuingeann.

Còrr is 500 marbh ann am 'Blitz' Bhruach Chluaidh

Mì-chinnt mu àireamhan a' cur ris an tuigse gu bheil an aithisg co-aimsireil.

Le Iain Cox, prìomh fhear-naidheachd, agus John Bruce ann an Lunnainn

Reatorraig (cànan bàrdail) air a chleachdadh gus cuideam a chur air an traidseadaidh dhaonna agus gus an aithisg a dhèanamh nas tarraingiche a leughadh.

Bha baile Bhruach Chluaidh air a sgrìos a-raoir le bomairean Nàtsach, ann an ionnsaigh a mhair naoi uairean a thide. Tha e coltach aig an ìre seo gun robh co-dhiù 500 duine air am marbhadh.

Thuirteach-labhairt bhon t-seirbhis-smàlaidh gur ann mu naoi uairean a dh'oidhche a shèideadh na dùdaichean airson rabhadh a thoirt gun robh na bomairean air an t-slighe. Bha uimhir de chabhaig air muinntir an àite a' fàgail 's gun do dh'fhàg iad biadh air bùird agus rèidiothan a' cluiche. Ach ma dh'fhàg, tha tòrr aca an-diugh gun fiù 's taigh don till iad.

Briathran fhianaisean-sùla a' cur cinnteachd agus sealladh pearsanta ris.

Dh'inns Tormod Moireach, tidsear ann an Àrd-sgoil Bhruach Chluaidh dhomh mun ionnsaigh. "Bha sinn a' smaointinn an toiseach nach robh e ro dhona oir cha robh na spreadhaidhean ro mhòr. Ach tha e coltach gun do leag iad bomaichean beaga teine an toiseach gus an còrr den fheachd a threòrachadh. Às dèidh sin dh'fhàs na spreadhaidhean gu math na bu mhotha."


"Cha chreid mi gu bheil sràid ann am Bruach Chluaidh anns nach deach cuideigin a mharbhadh," thuirte Lucy Scott, aois dà fhichead 's a còig. "Chaidh fireannach a b' aithne dhomh a mharbhadh san t-sràid againn fhìn nuair a chaidh an taigh aige a leagail. Tha an taigh againn fhìn air a sgrìos. Chan eil fhios a'm dè thachras dhuinn."

Fiosrachadh air nach eil feum mar aois fianaise gu tric a' nochdadh ann an aithrisean naidheachd!

© Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig



Liosta fhada de mhion-phiuingean a' cur ri cinnteachd an artaigil ach mì-chinnt ann fhathast leis gu bheil an aithisg co-aimsireil i.e. stèidhte air fiosrachadh a tha fhathast ri dhearbhadh.



Dealbh agus fo-thiotal nan sanasan soilleir eile gur e seo artaigil bho phàipear-naidheachd.

Muinntir Bhruach Chluaidh a' coiseachd seachad air làraich nan dachaighean aca an-dè

Targaidean

Am measg na chaidh a sgrìos tha factaraidh Singer, a bha ga chleachdadh airson buill-airm a dhèanamh, gàrradh-iarainn John Brown agus Stòr-ola an Admiralty. Tha e coltach cuideachd gun deach tasgadh-uisge a' bhaile a ghearradh dheth agus gun do chuir seo maill air na seirbhisean-smàlaidh.

"Chan eil teagamh nach e buille air leth goirt a tha seo," thuirte Daibhidh Kirkwood, Ball Pàrlamaid Bhruach Chluaidh, aig coinneamh-naidheachd an-diugh. "Tha na ceudan a-nochd marbh agus na mìltean gun dachaigh. Ach chan eil ar spiorad briste. Seasaidh Alba ris an nàmhaid seo agus gheibh sinn buaidh."

Am paragraf seo a' comharrachadh an artaigil mar phìos bho àm an Dàrna Cogaidh - 's e th' ann ach **propaganda** a bheir air an leughadair taic a chumail ris a' chogadh an aghaidh na Gearmailt Nàsaich. 'S e ràdh gu math misneachail a th' ann gus crìoch a chur air aithisg mu thachartas cho sgrìosail. An-diugh 's dòcha gum biodh dùil againn ri barrachd càinidh no beachdachaidh bho phàipear-naidheachd.